




Raghnall Reubaire agus an uilebheist



An teacsá Susan Akass • Dealbhan Ben Cort

Ragnall Reubaire agus an uilebheist



An teacs a Susan Akass

Dealbhan Ben Cort

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



'S e reubaire a bh' ann an Ragnall.
'S e Gobag a bh' air a' phitheid aige.
Bha bàta-spùinnidh mòr aig Ragnall.
Aon là shèid agus shèid a' ghaoth.



Sìos agus suas chaidh am bàta.

Sìos agus suas chaidh Ragnall.

Sìos agus suas chaidh Gobag.



Cha do chaidil Ragnall.

Cha do chaidil Gobag.

“Tha mi airson faighinn às a’ bhàta seo,”
thuirt Ragnall.



Fhuair Ragnall an teileasgop.

“Dè tha thu a’ faicinn?” thuirt Gobag.

“Tha mi a’ faicinn tonn mòr,” thuirt Ragnall.



“Dè tha thu a’ faicinn a-nis?” thuirt Gobag.

“Tha mi a’ faicinn eilean beag,” thuirt Ragnall.



“An tèid sinn chun an eilein ud?” thuirt Ragnall.
“Caidlidh mise ann an craoibh,” thuirt Gobag.



Leum Ragnall a-mach às a' bhàta.
Leum Gobag cuideachd.



“S toil leam an t-eilean seo,” thuir Ragnall.

“Ach cha toil leamsa e,” thuir Gobag.





“Cuidich mi,” thuirt Gobag.

“Chan e eilean a tha seo idir.

’S e th’ ann ach uilebheist!”



“Murt mhòr!” thuirt Ragnall, agus leum iad
air ais dhan bhàta.